

Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh le Comhairle na Gàidhealtachd gus sgìre-foghlaim Foghlam Meadhan Gàidhlig (a thaobh an dà chuid foghlam bun-sgoile agus foghlam àrd-sgoile) a stèidheachadh airson Bun-sgoil Cnoc na Creige (a bhios ann an ùine nach bi fada na pàirt de champas Bhaile Dhubhthaich airson 3 gu 18).

Am Màrt 2025

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Fhoghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh (Luchd-sgrùdaidh an Rìgh) a rèir cumhaichean [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) (“Achd 2010”). ’S e adhbhar na h-aithisge seo beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a lìbhrigeadh air moladh Comhairle na Gàidhealtachd gus sgìre-foghlaim a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig. Bidh seo a’ buntainn an dà chuid ri foghlam bun-sgoile agus ri foghlam àrd-sgoile airson Bun-sgoil Cnoc na Creige agus Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich. Tha Roinn 2 den aithisg a’ cur an cèill geàrr-chunntas air pròiseas a’ cho-chomhairleachaidh. Tha Roinn 3 den aithisg a’ cur an cèill beachdachadh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air taobhan foghlaim a’ mholaidh, a’ gabhail a-steach beachdan cudromach a thugadh seachad le co-chomhairlichean. Tha Roinn 4 a’ toirt geàrr-chunntas air beachd Luchd-sgrùdaidh an Rìgh. Aon uair ’s gum faigh iad an aithisg seo, fo Achd 2010 feumaidh a’ chomhairle beachdachadh oirre, còmhla ri measaidhean buntainneach sam bith a fhuair a’ chomhairle, agus an uair sin aithisg a’ cho-chomhairleachaidh aca ullachadh. Bu chòir gum bi an aithisg seo ri faotainn an lùib aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach na comhairle, còmhla ri mìneachadh air ciamar, ann a bhith a’ cur crìoch air a’ mholadh, a rinn iad lèirmheas air a’ mholadh thùsail, a’ gabhail a-steach geàrr-chunntas air puingean a chaidh a thogail ann am pròiseas a’ cho-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle riutha. Feumaidh a’ chomhairle aithisg a’ cho-chomhairleachaidh aca fhoillseachadh co-dhiù trì seachdainean mus gabh iad an co-dhùnadh mu dheireadh. A thaobh nam molaidhean air fad, feumaidh a’ chomhairle na dleastanasan reachdail air fad a leantainn a rèir is mar a tha iad air an cur an cèill ann an Achd 2010.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air:

- builean a’ mholaidh, a rèir coltais, air clann agus daoine òga sna sgoiltean; air luchd-cleachdaidh sam bith eile; air clann a bhios nan sgoilearan is dòcha taobh a-staigh dà bhliadhna bho chaidh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus air clann is daoine òga eile ann an sgìre na comhairle;
- builean sam bith eile as dòcha a thig bhon mholadh;
- ciamar a tha a’ chomhairle an dùil buaidhean dona sam bith a dh’fhaodadh tighinn am bàrr bhon mholadh a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a’ chomhairle den bheachd a thig gu buil bho chur an gnìomh a’ mholaidh, agus adhbharan na comhairle airson nam beachdan seo a ruigsinn.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisge seo, chaidh na gnìomhachdan a leanas a ghabhail os làimh le Luchd-sgrùdaidh an Rìgh:

- làthaireachd aig a’ choinneimh phoblaich a chaidh a chumail air 11 Gearran 2025 mu dheidhinn molaidhean na comhairle;
- beachdachadh air a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a chaidh a sholarachadh leis a’ chomhairle a thaobh a’ mholaidh, gu h-àraid aithris nam buannachdan foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh co-cheangailte, freagairtean sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan is eile; agus
- tursan gu làrach Bun-sgoil Cnoc na Creige agus Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich, a’ gabhail a-steach còmhraidhean le co-chomhairlichean iomchaidh.

2. Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd co-chomhairleachadh air a' mholadh/na molaidhean aca os làimh a rèir [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Ruith an co-chomhairleachadh foirmeil bho 20 Faoilleach 2025 gu 7 Màrt 2025. Bidh am moladh, ma thèid e air adhart, a' buntainn ris an dà chuid foghlam bun-sgoile agus foghlam àrd-sgoile airson Bun-sgoil Cnoc na Creige agus Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich. Tha na sgoiltean seo gu bhith nam pàirt, ann an ùine nach bi fada, de champas Bhaile Dhubhthaich airson 3 gu 18. Bidh an aon sgìre-foghlaim ùr ann airson adhbharan bun-sgoile agus àrd-sgoile. Bidh iad a' tar-chòmhachadh nan sgìrean-foghlaim airson foghlam tro mheadhan na Beurla airson nan sgoiltean co-cheangailte ann am Baile Dhubhthaich, Dòrnach agus Inbhir Ghòrdain. Tha seo a' riochdachadh 14 bun-sgoiltean agus trì àrd-sgoiltean gu h-iomlan. Chaidh am pàipear co-chomhairleachaidh a sgaoileadh gu luchd-obrach, Comhairlean nam Pàrant agus pàrantan sgoilearan a tha a' frithealadh nan sgoiltean a tha air an ainmeachadh sa phàipear molaidh. Chaidh a chur cuideachd gu buill Phàrlamaidean na RA agus na h-Alba, aonaidhean-ciùird, Bòrd na Gàidhlig, Comann nam Pàrant agus comhairlean coimhearsnachd. Chaidh brath fhoillseachadh sna pàipearan naidheachd ionadail. Bha fiosrachadh ri fhaotainn air làrach-lìn na comhairle agus air na meadhanan sòisealta.

2.3 Chùm a' chomhairle coinneamh phoblach air 11 Gearran 2025, far an do chuir oifigearan an cèill feallsanachd airson nam molaidhean; bheachdaich iad air àrd-bhuannachdan foghlaim; agus dh'iarr iad beachdan bhon luchd-frithealaidh. Bha 18 daoine an làthair, a' gabhail a-steach 13 buill den phoball agus còignear luchd-obrach Comhairle na Gàidhealtachd. Thog luchd-frithealaidh ceistean air farsaingeachd cruinn-eòlasach na sgìre-foghlaim. Bha cha mhòr a h-uile duine a' cur an cèill gum b' fheàrr leotha gu làidir gun robh an sgìre-foghlaim ga leudachadh nas farsainge gus sgoiltean ann an sgìre Ghoillspidh ann an Cataibh a ghabhail a-steach. Bha iad den bheachd gum biodh seo a' dèanamh cinnteach gun robh cothromas ann a thaobh cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig ann an sgìrean far nach eilear ga thairgsinn an-dràsta. Tha seo a' gabhail a-steach an sgìre timcheall air Drochaid a' Bhannath, far a bheilear air dàil a chur air solar Gàidhlig an-dràsta. Thog luchd-frithealaidh ceistean mu dè cho èifeachdach 's a tha a' chomhairle a' cur air adhart Foghlam Meadhan Gàidhlig, a' gabhail a-steach nuair a thathar a' clàradh airson tòiseachadh ann an sgoil. Thog grunn luchd-frithealaidh gum feum co-chuid bhrìghmhor de churraicealam na h-àrd-sgoile a bhith ri faotainn tro mheadhan na Gàidhlig. Chuir iad an cèill cuideachd gun robh iomagain orra a thaobh faotainneachd agus co-fhreagarrachd còmhdaidh sgoile agus mar a dh'fhaodadh seo, airson cuid, a bhith a' bacadh chlann bho dhol gu Foghlam Meadhan Gàidhlig. Fhuair deich freagairtean sgrìobhte. Bha a' mhòr-chuid dhiubh sin a' togail chùisean coltach ris an fheadhainn a chaidh a thogail aig a' choinneimh phoblach. Bha an dà chuid Bòrd na Gàidhlig agus Comann nam Pàrant a' cur an cèill taic airson a' mholaidh gus sgìre-foghlaim a stèidheachadh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig, a' toirt fa-near cùisean-iomagain a thaobh farsaingeachd cruinn-eòlasach na sgìre-foghlaim.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha moladh na comhairle a' nochdadh gealltanais Comhairle na Gàidhealtachd gun lean iad orra a' cur an gnìomh Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig 2017 agus Plana na Gàidhlig aca. Tha a' chomhairle a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air a' ghealltanais aca gum bi iad a' cumail orra a' cur am meud àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig, a gheibh cuideachd a h-uile buannachd a thig à dà-chànanachas. Tha a' chomhairle den bheachd gum bi iad, tro stèidheachadh sgìrean-foghlaim, a' soilleireachadh do phàrantan mar a gheibh iad cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gum bi buannachdan ann sa chuid as motha de na tha a' chomhairle a' moladh. Feumaidh a' chomhairle fhathast, ge-tà,

gnìomhan cudromach a ghabhail os làimh gus leasachadh a bharrachd a thoirt air na buannachdan foghlaim a dh'fhaodadh tighinn às a' mholadh aca.

3.2 Tha a' chomhairle a' moladh sgìrean-foghlaim airson Foghlam Meadhan Gàidhlig aig Bun-sgoil Cnoc na Creige agus Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich (a tha gu bhith, ann an ùine nach bi fada, nam pàirt de champas Bhaile Dhubhthaich airson trì gu 18). Bidh iad seo a' tar-chòmhachadh sgìrean-foghlaim a h-uile sgoil a tha co-cheangailte ri Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich, a rèir na thig às a' cho-chomhairleachadh. Tha am moladh cuideachd a' gabhail a-steach àrd-sgoiltean Inbhir Ghòrdain agus Dhòrnach agus na bun-sgoiltean co-cheangailte riutha. 'S ann à Baile Dhubhthaich a tha mu thuaiream an dàrna leth de na sgoilearan a tha a' frithealadh Foghlam Meadhan Gàidhlig ann am BS1-7 an-dràsta. Tha an còrr gan tarraing bho raon farsaing de dh'aitichean ann an sgìrean Caolas Chromba agus Caolas Dhòrnaich, a bharrachd air bho nas fhaide air falbh. Taobh a-staigh aithisg a' cho-chomhairleachaidh, bu chòir don chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil soilleireachd ann a thaobh solarachadh còmhachadh airson chlann is daoine òga gus leigeil dhaibhsan bho sgìrean Inbhir Ghòrdain agus Dhòrnach Foghlam Meadhan Gàidhlig a fhrithealadh. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gum bu chòir an sgìre-foghlaim airson Foghlam Meadhan Gàidhlig a leudachadh gus sgìre Ghoillspidh ann an Cataibh a ghabhail a-steach. Bhiodh seo a' cur air adhart cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig ann an dòigh chothromach airson barrachd chlann is daoine òga far nach eil solar ri fhaotainn gu h-ionadail an-dràsta. Bu chòir do Chomhairle na Gàidhealtachd a ràdh cuideachd ciamar a bhios iad a' cleachdadh Achd Foghlam (Alba) 2016 gus iarrtasan a choileanadh san àm ri teachd agus fàs a thoirt air barrachd solair ionadail le bhith a' cur chlasaichean Foghlam Meadhan Gàidhlig ris an t-solar a th' ann an-dràsta, a bharrachd air an fheum airson sgoiltean uile-Ghàidhlig.

3.3 Tha an àireamh de sgoiltean a tha a' tairgsinn Foghlam Meadhan Gàidhlig fada nas lugha na an àireamh a tha a' tairgsinn foghlam tro Mheadhan na Beurla. Mar sin, feumaidh clann is daoine òga barrachd siubhail a dhèanamh gus cothrom fhaighinn air Foghlam Meadhan Gàidhlig. B' e cùis-iomagain chudromach airson luchd-ùidhe dè cho freagarrach 's a tha còmhachadh sgoile far am bi clann òga is sgoilearan àrd-sgoile a' cleachdadh ullachaidhean siubhail coitcheann. Ma tha a' chomhairle a' leudachadh na sgìre-foghlaim bho na thathar a' mineachadh sa mholadh, bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach nach bi còmhachadh, siubhal is cosgais mar bhacadh do phàrantan a tha airson Foghlam Meadhan Gàidhlig a thaghadh. Ann a bhith a' faighinn cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig, tha feum aig clann is daoine òga air sàr-mhathas, cothromas, co-ionannachd agus cothromachd. Bu chòir don chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil na measaidhean buaidh buntainneach gan gabhail os làimh, a' gabhail a-steach measaidhean buaidh air co-ionannachd is air sgìrean dùthchail. Bu chòir dhaibh fiosrachadh a thoirt seachad air ullachaidhean dìon airson chlann òga agus iad a' siubhal air còmhachadh.

3.4 Tha an aithris air buannachdan foghlaim a' cur air adhart gum bi stèidheachadh sgìre-foghlaim a' nochdadh gealltanais Comhairle na Gàidhealtachd air Foghlam Meadhan Gàidhlig. Le bhith a' stèidheachadh sgìre-foghlaim, bithear a' cuideachadh dhaoine òga gus faicinn mar a dh'fhaodas iad cumail a' dol ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig gu leantainneach. Tha seo rè na h-ùine a bhios iad ann am foghlam reachdail. Gus taic a thoirt do leantainneachd foghlam ann an Gàidhlig, 's e cùis chudromach gu bheil cothrom ann air curraicealam trì gu 18 a tha sàr-mhath, cunbhalach agus cothromach agus a bhios a' toirt taic do dh'ìrean àrda de dh'fhilteantachd ann an Gàidhlig. Bu chòir don aithris air buannachdan foghlaim leudachadh air na buannachdan curraicealair a thig bhon mholadh. Bhiodh e cuideachail nan robhar a' sònrachadh mar a bhios am moladh a' cuideachadh na comhairle gus na targaidean a choileanadh a chuir iad an cèill mar nithean reachdail sa phlanadh cànan aca airson curraicealam bogaidh airson trì gu 18. Tha na dleastanasan seo gan sònrachadh san Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig 2017. San aithris air buannachdan foghlaim, tha a' chomhairle ag aithneachadh nam buannachdan a thig à dà-chànanachas. Bidh an cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig taobh

a-staigh bhuidhnean sgoiltean co-cheangailte a' toirt chothroman do chlann is daoine òga gus na sgilean seo a leasachadh fad am beatha. Dh'aithris Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air na h-eòlasan bogaidh làidir aig Bun-sgoil Cnoc na Creige san t-Sultain 2023. Bu chòir don chomhairle barrachd fiosrachaidh a thoirt seachad air mar a chumas iad suas eòlasan bogaidh làidir ann an campas ùr Bhaile Dhubhthaich airson trì gu 18.

3.5 Tha Bòrd na Gàidhlig mar cho-chomhairliche reachdail airson atharrachaidhean air na h-ullachaidhean airson solar Foghlam Meadhan Gàidhlig. Tha iad a' cur fàilte air gu bheilear a' moladh sgìre-foghlaim airson Foghlam Meadhan Gàidhlig agus tha iad a' toirt fa-near iomagain phàrantan a thaobh farsaingeachd chuibhrichte na sgìre-foghlaim a thathar a' moladh. Tha Comann nam Pàrant a' cur fàilte air gu bheil am moladh a' cur an reachdais an gnìomh. Tha iad ag aontachadh gum bu chòir an sgìre-foghlaim a leudachadh gus sgoiltean ann an sgìre Ghoillspidh a ghabhail a-steach agus gum bu chòir do phàrantan co-dhùnadh a bheil an t-astar siubhail reusanta airson a' phàiste aca. Thug iad fa-near cuideachd gum bu choir don chomhairle a bhith so-fhreagrach ri iarrtasan phàrantan airson leudachadh sgìrean-foghlaim san àm ri teachd taobh a-staigh sgìrean ionadail agus nach bu chòir gu bheil faotainneachd agus freagarrachd còmhdaile sgoile a bhith a' bacadh chlann bho bhith a' frithealadh Foghlam Meadhan Gàidhlig.

4. Geàrr-chunntas

Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gu bheil moladh na comhairle na bhuannachd foghlaim do chlann is pàrantan a tha a' còmhnaidh sna sgìrean-foghlaim airson Bun-sgoile Cnoc na Creige agus Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich (a bhios, ann an ùine nach bi fada, nan campas Bhaile Dhubhthaich airson trì gu 18). Bidh buannachd foghlaim ann cuideachd do chlann ann an sgìre Inbhir Ghòrdain agus ann an sgìre Dhòrnach. Tha am moladh a' toirt seachad soilleireachd do phàrantan air mar a dh'fhaodas iad cothrom fhaighinn air Foghlam Meadhan Gàidhlig, agus bu chòir sgìre-foghlaim a bhith air a stèidheachadh, air chumha nan gnìomhan a tha sinn a' moladh ann an Roinn 3 den aithisg seo. Bha cha mhòr a h-uile neach-ùidhe ris an do choinnich Luchd-sgrùdadh an Rìgh a' toirt taic don mholadh, ma thathar a' leudachadh na sgìre-foghlaim gus sgìre chruinn-eòlasach nas fharsainge a ghabhail a-steach. Chuir iad an cèill cuideachd gun robh moit aca às an t-soirbheas aca ann a bhith a' leasachadh fileantachd ann an Gàidhlig agus tha iad soilleir mu na buannachdan a thig à dà-chànanachas. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh le luchd-ùidhe gum bu chòir an sgìre-foghlaim a leudachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom air Foghlam Meadhan Gàidhlig aig an uimhir as motha 's a ghabhas de chlann. Ann a bhith a' toirt air adhart nam molaidhean, bu chòir don chomhairle cumail orra ag obair le luchd-ùidhe gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' goireasachadh curraicealaman sàr-mhath airson Foghlam Meadhan Gàidhlig airson trì gu 18 agus àrainneachdan bogaidh sàr-mhath Foghlam Meadhan Gàidhlig a th' ann agus a thig. Tha dearmadan sa mholadh a thaobh ullachaidhean còmhdaile airson chlann is daoine òga à Inbhir Ghòrdain agus Dhòrnach. Bidh e cudromach gun toir a' chomhairle seachad ullachaidhean còmhdaile a tha sàbhailte, so-dhèanta, fad-ùineach agus tarraingeach gus buannachdan foghlaim a' mholaidh a thoirt gu buil.

Luchd-sgrùdaidh an Rìgh Am Màrt 2025